STORYWORLDS

# Raghnall Reubaire agus eilean an ionmhais



An teacsa Susan Akass • Dealbhan Ben Cort

# Raghnall Reubaire agus eilean an ionmhais



An teacsa Susan Akass

Dealbhan Ben Cort

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




'S e reubaire a bh' ann an Raghnall.

'S e Gobag a bh' air a' phitheid aige.

Bha map aig Raghnall.

Chunnaic e eilean an ionmhais air a' mhap.




Aon là chaidh Raghnall gu eilean an ionmhais.
"Lorgaidh mi an t-ionmhas," thuirt e.




Chunnaic e creag mhòr air a' mhap.
Chunnaic e creag mhòr air an eilean.



"An do lorg thu an t-ionmhas?" thuirt Gobag.

"Cha do lorg," thuirt Raghnall.

"Chan eil an t-ionmhas an seo."




Chunnaic e craobh air a' mhap.
Chunnaic e craobh air an eilean.



“An do lorg thu an t-ionmhas an sin?”
thuirt Gobag.
“Cha do lorg,” thuirt Raghnall.
“Chan eil an t-ionmhas an seo.”




Chunnaic e uamh air a' mhap.

Chunnaic e uamh air an eilean.



"An do lorg thu an t-ionmhas an sin?"
thuirt Gobag.
"Lorg," thuirt Raghnall.
"Tha e san toll sin."



Chaidh Raghnall dhan toll.

"Gheibh mi an t-ionmhas."



"Nach seall thu an dràgon," thuirt Gobag.
"Dè an dràgon?" thuirt Raghnall.



“Murt mhòr,” thuirt Raghnall, agus theich iad.